

**beatha le
buaidh**



Air fhoillseachadh ann an 2005 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2006. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © Polak Matthew/Corbis Sygma.

Na dealbhan le Corbis.

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-31-0

beatha le
buaidh

MOTHE
TERESA




MOTHER TERESA

Mother Teresa: "Aingeal na Tròcaire"

Nuair a bha i beò, bhathas ag ràdh gur e naomh a bha ann am Mother Teresa. B' e "*Saint of the Gutter*" a bh' aca oirre. Ochd bliadhna às dèidh a bàis, bha i air a slighe gu bhith air a beannachadh mar naomh dha-rìreabh. Aig deireadh na ficheadamh linn, ghlac am boireannach beag seo aire an t-saoghail leis an obair a bha i a' dèanamh an lùib dhaoine bochda Calcutta. Sin far an do stèidhich i a' chiad àite fasgaidh airson nam mìltean de dhaoine bochda a bha gun dachaigh. Choisinn i Duais Sìth Nobel ann an 1979 agus tha an obair aice a' leantail ann an 87 dùthaich air feadh an t-saoghail.

MOTHER TERESA





MOTHER TERESA

Bliadhnaichean tràtha

Rugadh Mother Teresa ann am baile Skopje ann am Masadonia air 27 Lùnastal, 1910. B' e Agnas Gonxha Bojaxhiu an t-ainm breith a chaidh a thoirt oirre. B' e Albàinianaich a bha san teaghlach aice. Bha a h-athair na fhear-bùtha agus bha a pàrantan le chèile air leth dìleas don chreideamh Chaitligeach.



MOTHER TERESA

An ceangal ri Èirinn

Aig aois dusan bliadhna thuig i gun robh i air a gairm gu Dia. Bha i airson obair mar mhiseanaraidh anns na h-Ìnnseachan. Seachd bliadhna às dèidh sin dh'fhàg i Skopje agus chaidh i còmhla ri buidheann cràbhach leis an ainm, *Sisters of Loreto*. B' e òrdugh Èireannach a bha seo agus bha na mnathan-cràbhaidh a' dèanamh mòran obrach anns na h-Ìnnseachan. Chuir i seachad grunn mhìosan a' trèanadh agus ag ionnsachadh Beurla ann am Baile Àtha Cliath. An uair sin chaidh a cur a-null dha na h-Ìnnseachan. Ghabh i na ciad bhòidean aice mar bhean-chràbhaidh ann an 1931.

MOTHER TERESA

Na h-Innseachan agus Calcutta

Eadar 1931 agus 1948, bha i a' teagasg ann an Àrd-Sgoil Naomh Moire ann an Calcutta. Is ann aig an àm seo a ghabh i an t-ainm, Teresa. Thagh i an t-ainm sin mar urram don naomh Fhrangach, Therese Lisieux. Is ise an naomh sònraichte a tha aig miseanaraidhean.

Ged a bha an obair teagaisg a' còrdadh rithe, bha a' bhochdainn a bha mun cuairt oirre a' dèanamh dragh mòr dhi. Ann an 1946, dh'fhàs i tinn agus bha dùil gun robh a' chaitheamh oirre. Chaidh a cur gu baile Darjeeling airson faighinn nas fheàrr. Ach air an trèana thachair rudeigin iongantach. Chuala i guth Dhè ag ràdh rithe a h-uile dad a leigeil seachad agus a dhol a chuideachadh dhaoine bochda an t-saoghail.

Ann an 1948, fhuair i cead an sgoil fhàgail gus obair am measg nan daoine bochda air na sràidean.

MOTHER TERESA


Aig an àm, thuirt i gun robh i airson a beatha a chur seachad còmhla ris na daoine as truaighe ann an Calcutta. Bha 100,000 dhiubh gun dachaigh agus chuir i roimhe na daoine sin a chuideachadh.

Is e a' chiad rud a rinn i, gun do dh'fhosgail i sgoil do chlann a bha beò air na sràidean. Cha robh fada gus an tug a' chlann an t-ainm Mother Teresa oirre. Bha e duilich dhi an toiseach oir cha robh airgead sam bith aice. Ach mean air mhean, thàinig feadhainn eile còmhla rithe airson a cuideachadh agus thòisich daoine air airgead a thoirt dhi. Bha seo a' ciallachadh gun deach aice air an obair a leudachadh.

Dh'fhosgail i dachaigh-eiridinn air làrach teampall Hindu. An uair sin dh'fhosgail i dachaigh airson clann gun phàrantan, a thuilleadh air dachaigh airson daoine air an robh an luibhre.

M O T H E R

T E R E S A



Can you see her can

© JP Laffont/Sygma/CORBIS

MOTHER TERESA

Òrdugh dhi fhèin

Ann an 1950, fhuair i cead bhon Bhatican an t-òrdugh cràbhaidh aice fhèin a stèidheachadh. B' e *The Missionaries of Charity* a thug i mar ainm air. Bha e mar amas aca gaol agus cùram a thoirt don fheadhainn aig nach robh dad san t-saoghal. Thairis air na bliadhnaichean tha leudachadh mòr air a thighinn air an òrdugh. An-diugh tha 3,000 bean-chràbhaidh agus 400 bràthair ag obair ann an 87 dùthaich. Tha iad a' frithealadh nan daoine bochda agus an fheadhainn a tha a' bàsachadh ann an 160 baile air feadh an t-saoghail.

MOTHER TERESA



© JP Laffont/Sygma/CORBIS

MOTHER TERESA

Duaisean agus cliù eadar-nàiseanta

Bha an obair aice a-nise a' sgaoileadh air feadh nan Ìnnseachan gu lèir, agus bha a cliù fhèin a' sìor dhol am meud cuideachd. Ann an 1970, rinn am fear-naidheachd ainmeil Malcolm Muggeridge film mu deidhinn. B' e seo a' chiad turas a bha dùthchannan an Taobh an Iar air cluinntinn mun obair aice. Cha robh Muggeridge a' creidsinn ann an Dia idir. Ach mus robh am film deiseil, chaidh iompachadh gu bhith na Chaitligeach.

Sgrìobh e aig an àm nach robh faclan aige a chuireadh an cèill a' bhuaidh a thug Mother Teresa air a bheatha.

Chan e gun robh a h-uile duine cho mòr mu deidhinn ged-tà. Bha Mother Teresa gu dubh an aghaidh rudan leithid casg-gin agus casg-breith. Chuir sin cais air mòran, nam measg an sgrìobhadair ainmeil Germaine Greer.

MOTHER TERESA

Bha ise gu mòr airson còirichean bhoireannach agus thuirt i gur e "ìmpireiliche cràbhach" a bh' ann am Mother Teresa. Bha feadhainn eile ga càineadh a chionn is gun robh ceangal aice ri deachdairean leithid na Duvaliers ann an Haiti agus Enver Hoxha ann an Albàinia. Ach ann an sùilean Mother Teresa bha e na bu chudromaiche taic fhaighinn do na daoine bochda ge bith cò bhuaithe a bha an taic sin a' tighinn.

Ann an 1979, fhuair Mother Teresa Duais Sìth Nobel. Chaidh an duais a thoirt dhi ann an ainm an fheadhainn "nach robhas ag iarraidh, a bha gun ghaol agus gun chùram," ach chuir i stad air dìnneir mhòr mar chomharra air an urram.

MOTHER TERESA

Dh'iarr i gum bu chòir an
t-airgead a thoirt do dhaoine
bochda Chalcutta. Thigeadh
duaisean eile às dèidh sin,
leithid Duais Sìth a' Phàpa Eoin
XXIII, agus Duais Nehru airson a
bhith a' brosnachadh sìth agus
tuigse air feadh an t-saoghail.

MOTHER TERESA



© Bettmann/CORBIS

MOTHER TERESA

Deireadh na Slighe

Anns na bliadhnaichean mu dheireadh dhe beatha dh'fhuiling i gu mòr le dìth na slàinte. Às dèidh greim-cridhe ann an 1990, thuirt i gun robh i airson a dreuchd a leigeil seachad. Chaidh taghadh a chur air dòigh ach bhòt a h-uile duine gum bu chòir dhi fuireach. Gu dearbh, cha do bhòt ach aon neach na h-aghaidh — i fhèin! Chùm i oirre na dreuchd gu toiseach 1997, ach dh'eug i air a' chòigeamh latha dhen t-Sultain nas anmoiche air a' bhliadhna sin.

A rèir choltais, cha do dh'fhàg i dad às a dèidh ach pucaid agus dà dhreasa sari; comharra 's dòcha air a' bheatha shìmplidh a bh' aice air thalamh. Bha Mother Teresa mar shamhla air gaol airson an fheadhainn a bha gun ghaol, agus cùram airson an fheadhainn a bha gun chùram. Ann am briathran Malcolm Muggeridge, rinn i "rudeigin brèagha airson Dia."

MOTHER TERESA



© Patrick Robert/Sygma/CORBIS

